

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 591. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 287 corresponds to Litir 591.

Tha mi airson sgeulachd thraidiseanta innse dhuibh. 'S e an t-ainm oirre “Bilidh”. Chaidh a cruinneachadh ann am Barraigh anns an naoidheamh linn deug. Tha mi an dòchas gun còrd i ribh.

Bha uaireigin tuathanach ann. Bha mac aige air an robh Bilidh. Bhiodh Bilidh **a' goid rudan air** daoine. Bhiodh e a' goid air an duine-uasal faisg air làimh. Thàinig an duine-uasal. Thuirt e ris an tuathanach gum bu chòir dha ceàird ionnsachadh do a mhac. Cha bhiodh ceàird na b' fheàrr na mèirle.

Cha robh an tuathanach toilichte ach chuireadh fios air Bilidh. Dh'fhaighnich an duine-uasal de Bhilidh am biodh e deònach mèirle ionnsachadh. Thuirt Bilidh gum bitheadh. Cha robh ceàird sam bith ann **a b' fheàrr a chòrdadh ris** na mèirle.

Ged nach robh athair toilichte, chuir e an gille aige an òrdugh airson falbh a dh'ionnsachadh na mèirle. Dh'fhalbh Bilidh. Choinnich e ri duine air an rathad. Dh'fhaighnich an duine cà' robh e a' dol. Thuirt Bilidh gun robh e a' dol a dh'ionnsachadh na mèirle agus gun robh maighstir a dhìth air.

“Is dona a' cheàird a tha thu a' dol a dh'ionnsachadh,” ars an duine. Agus dh'fhalbh e.

Cha b' fhada a chaidh Bilidh nuair a thachair e ri triùir eile. Dh'fhaighnich iad cà' robh e a' dol. Thuirt Bilidh gun robh e a' dol a dh'ionnsachadh na mèirle agus gun robh maighstir a dhìth air.

“Uill, uill,” arsa fear dhiubh. “Tha mise ag iarraidh gille airson na ceàirde sin. Bidh mi toilichte d' fhadhadh.”

Dh'fhalbh Bilidh leis an fhear eile. Chaidh iad gu taigh-seinnse. Bha an duine ag iarraidh na rudan a bu luachmhoire na bhroinn a ghoid. Bha ròp aige. “Nise,” thuirt e ri Bilidh, “thèid thusa sìos an similear air an ròp. Cuir a h-uile rud luachmhor suas an similear. An uair sin bheir mise thu fhèin suas air an ròp.”

Air an oidhche, nuair a bha na daoine air a dhol a laighe, chaidh Bilidh air mullach an taigh-sheinnse. Leig a mhaighstir Bilidh sìos air an ròp. Nuair a bha Bilidh san rùm, chuir e a h-uile rud luachmhor suas an ròp. Ach theich am fear eile. Dh'fhàg e Bilidh shìos anns an t-seòmair.

Bha Bilidh ann an èiginn. Cha robh fios aige dè dhèanadh e. Sheall e mun cuairt. Lorg e seiche mairt. Bha adhaircean oirre. Chuir e timcheall air i. Thòisich e air sgriachail air feadh an t-seòmair.

Dh'èirich a' bhean-mhuinntir. Las i solas agus dh'fhosgail i doras an t-seòmair. Nuair a chunnaic i Bilidh le seiche mairt is adhaircean air, ghabh i eagal. Ruith i a-mach às an rùm. Ghlaodh i ri a maighstir.

“Dè tha a’ cur ort?” ars a maighstir.

“Tha gu leòr,” ars ise. “Chunnaic mi an Donas!”

Chaidh am maighstir don rùm. Bhruidhinn e ris an “Donas”. “Dè chuir an seo thu?” thuirt e ris.

“Is tric a tha mi an seo,” fhreagair Bilidh. “Nuair a thig mi air an turas mu dheireadh, chan fhàg mi fiach snàthaid agad.”

“Dè ghabhas tu”, arsa fear an taigh-sheinnse, “agus gun tighinn tuilleadh? An gabh thu leth-cheud nota?”

“Cha ghabh,” fhreagair Bilidh. “Tha ceud beag gu leòr. Ach ma gheibh mi ceud, falbhaidh mi is cha tig mi tuilleadh.”

Agus chaidh Bilidh dhachaigh le ceud nota na phòcaid.

* * * * *

Faclan na Litreach: Bilidh: *Billy*; mèirle: *thieving*; taigh-seinnse: *pub*; theich: *fled*; adhaircean: *horns*; ghlaodh: *shouted*.

Abairtean na Litreach: chaidh a cruinneachadh ann am Barraigh: *it [fem] was collected in Barra*; bha uaireigin tuathanach ann: *there was once a farmer*; duine-uasal faisg air làimh: *a gentleman nearby*; gum bu chòir dha ceàird ionnsachadh do a mhac: *that he should teach his son a trade*; chuireadh fios air Bilidh: *Billy was sent for*; chuir e an gille aige an òrdugh: *he organized his son*; gun robh maighstir a dhìth air: *that he needed a master [to teach him]*; is dona a’ cheàird a tha thu a’ dol a dh’ionnsachadh: *bad is the trade you are going to learn*; cha b’ fhada a chaidh Bilidh: *Billy had not gone far*; bidh mi toilichte d’ fhasadh: *I’ll be pleased to hire you*; thèid thusa sìos an similear air an ròp: *you’ll go down the chimney on the rope*; cuir a h-uile rud luachmhor suas: *send up all the valuable items*; bheir mise thu suas: *I’ll bring you up*; nuair a bha na daoine air a dhol a laighe: *when the people had gone to bed*; ann an èiginn: *in a tight fix*; lorg e seiche mairt: *he found a cow’s hide*; thòisich e air sgriachail air feadh an t-seòmair: *he began to scream throughout the room*; dh’èirich a’ bhean-mhuinntir: *the maid-servant arose*; dè tha a’ cur ort?: *what’s upsetting you?*; chunnaic mi an Donas: *I saw the Devil*; chan fhàg mi fiach snàthaid agad: *I’ll not leave you the worth of a needle*; dè ghabhas tu, agus gun tighinn tuilleadh: *what would you take not to return*; ma gheibh mi ceud, falbhaidh mi: *if I get a hundred [pounds] I’ll leave*.

Puing-chànain na Litreach: Cha robh ceàird sam bith ann a b’ fheàrr a chòrdadh ris na mèirle: *there was no trade which he would enjoy more than thieving. It’s another way of expressing a b’ fheàrr leis. Notice that in this type of expression the traditional Gaelic word order is different from English (in which the verb precedes the adverb). One might say a chòrdadh ris na b’ fheàrr na mèirle (note the comparative form na) but it’s not as elegant or gnàthasach. Here are some other examples with a mixture of tenses: B’ e sin an gèam a b’ fheàrr a chòrd rium riamh; ’S e sin am fion as fheàrr a chòrdas rium le biadh Eadailteach; ’S e sin an rud a b’ fheàrr a chòrdadh ris a’ chù.*

Gnathas-cainnt na Litreach: Bhiodh Bilidh a’ goid rudan air daoine: *Billy would steal things from people [note the traditional usage of the preposition “air” in this expression.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA